

## Fiosrachadh Pearsanta / Contact Information

Buidhean Organisation	MG ALBA
Baile-mòr/Baile City/Town	Steornabhagh
Dùthaich Country	Alba

## Ceistean | Questions

**1. Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn? The structure for the Plan consists of an aim, priority areas and commitments. Do you have any comments on how we have structured the Plan and the overall aim we have selected?**

Tha 3 prìomhachasan soilleir sa phlana:

- A. A' dèanamh cinnteach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig
- B. Fàs a thoirt air an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig
- C. Fàs a thoirt air an àireamh dhaoine a chleachdas a' Ghàidhlig

Tha sinn ag aontachadh ri na prìomhachasan sin san fharsaingeachd. Tha iad soilleir agus àrd-amasach. A rèir fiosrachadh a chaidh fhoillseachadh air 15 Dàmhair 2015, air latha a' Chunntais-sluaigh (27 Màrt 2011):

- Bha 87,100 neach ann an Alba (3 bliadhna a dh'aois agus na sinne) aig an robh comas ann an Gàidhlig, agus bha comas-labhairt aig 57,000 dhiubh. Bha 32,400 aig an robh làn sgilean tuigse, labhairt, leughaidh is sgrìobhadh.
- Bha 24% aois 65+, an coimeas ri 17% den t-sluagh nàiseanta.
- Bha 23,400 a thuigeadh Gàidhlig ach nach bruidhneadh, leughadh no sgrìobhadh i.
- Thuir 25,000 gun robh iad a' cleachdadh Gàidhlig san dachaigh agus bha 36% de chlann òga aois 5-11 aig an robh comas-labhairt a' fuireach ann an dachannan anns nach robh aon inbheach le Gàidhlig.

Ann a bhith a' dealbhachadh agus a' cur an-gnìomh ro-innleachdan lèir-chlairsneachd agus ionnsachaidh airson nam meadhanan Gàidhlig, tha sinn den bheachd gum bu chòir prìomhachas a chur air daoine fo aois 45, gu h-àraidh air clann agus air inbhich òga a fhuair buannachd foghlam tro mheadhan na Gàidhlig no foghlam Gàidhlig, agus an cuid teaghlaichean, gus am brosnachadh a' chànan a chleachdadh no a h-ionnsachadh agus na meadhanan Gàidhlig a chleachdadh gu bitheanta.

Bidh feum air ro-innleachdan agus air goireasan didseatach Gàidhlig a tha a' cuideachadh gu practaigeach le bhith a' toirt luchd-ionnsachaidh air aghaidh tro shlighean ionnsachaidh gu ìrean comais, agus bidh feum air luchd-taic agus luchd-ionnsachaidh ùr a thàladh chun na Gàidhlig agus am brosnachadh gu bhith dìleas agus daingeann nan rùn. Ged nach e an aon inneal no an aon mheadhan, bu chòir do LearnGaelic a bhith aig teis-mheadhain na h-oidhirp sin.

**2. Tha sinn dhen beachd gu bheil e riatanach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo? We believe that the promotion of a positive image for Gaelic is essential and we think that the areas above are the key areas that can make a contribution to this. Do you have any comments on the areas we have selected or alternative suggestions?**

Tha sinn a' tuigsinn carson a thathas a' comharrachadh "ìomhaigh na Gàidhlig". Bu mhat leinn briathran mar a leanas a mholadh: "A' dèanamh cinnteach gu bheil luach phrìseil na Gàidhlig aithnichte gu cunbhalach leis a' mhòir-shluaigh air feadh Alba agus gu farsaing air feadh na RA".

Bu chòir ìomhaigh a bhith a rèir an dà-rìribh, agus tha e an urra rinn uile dèanamh cinnteach gu bheil an dà-rìribh sin fallain, adhartach, torach agus luachmhor dhan fheadhainn a tha a' bruidhinn agus ag ionnsachadh na Gàidhlig, dhan cuid coimhearsnachdan agus dhan dùthaich gu lèir. Tha mòran fianais ann gu bheil, agus tha sinn ag aontachadh gu mòr gur e aon de na prìomhachasan a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil aonta nàiseanta ann mu sheasamh agus mu luach na Gàidhlig. Tha mòran obair ri dhèanamh san t-seagh sin, agus ged a tha e riatanach gun tog sinn ìomhaigh na Gàidhlig an-dràsta, is ann tro fhoghlam rè ùine is ghinealach a dh'fhàsas tuigse agus taic gu cunbhalach tro ar dùthaich.

**3. Tha sinn dhen beachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig? We believe**

**education and Gaelic learning are central to this Plan. We have also listed the priority areas that we believe should be a focus for ongoing activity. Do you have any comments on this emphasis and on the priority areas selected for learning Gaelic?**

Tha sinn den bheachd gu bheil na prìomhachasan ceart.

Chomharraich sinn mu thràth cho riatanach 's a tha e gu bheil an fheadhainn a tha ann am foghlam is ionnsachadh Gàidhlig a' leantainn ri cleachdadh na Gàidhlig taobh a-muigh an àrainneachd ionnsachaidh anns an cuid dhachannan, choimhearsnachdan, theaghlaichean agus lionraidhean didseatach, agus bidh pàirt aig na meadhanan Gàidhlig agus goireasan didseatach Gàidhlig ri chluich.

**4. Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig? We believe the areas selected are important for promoting the increased use of Gaelic. Do you have any comments or suggestions you would like to make in relation to promoting the increased use of Gaelic?**

Bu chòir aithne a thoirt – taobh a-staigh a' phlana no mu thimcheall air a' phlana - air mar a tha beatha dhaoine air atharrachadh gu tur le innealan conaltraidh didseatach agus le modhan ùra cleachdaidh nam meadhanan. Tha rannsachadh Ofcom air an "Digital Day" (<https://www.ofcom.org.uk/research-and-data/multi-sector-research/digital-day>) a' togail ceist a bheil na ro-innleachdan ceart againn gus an lorg a' Ghàidhlig fuasglaidhean ùra a bhrosnaicheas cleachdadh ar cànan nar beathannan làitheil didseatach.

**5. Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhat leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum? In questions 2, 3 and 4, you were asked about your views on the priority areas identified. In this question, we would like to hear any views or suggestions you may have on the key commitments we have identified and views on any key commitments you think should be included in order to make progress with the aim of increasing the number of people speaking, using and learning Gaelic in Scotland and the number of situations in which it is used?**

Tha e riatanach gu bheil siostam craolaidh Gàidhlig ann a tha maoinichte gu ceart gus frithealadh nas coileanta a dhèanamh air luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a' thuilleadh air a bhith priseil agus feumail do luchd-còmhnaidh ar dùthcha gu lèir. Tha e riatanach gun lean àbhaisteachadh na Gàidhlig, gus seasamh agus aithne na Gàidhlig ann an Alba a shìor àrdachadh. Tha seanail telebhisean Gàidhlig gu mòr na phàirt den obair sin, agus tha e riatanach gun lean an iomairt airson barrachd phrograman ùra air an t-seanail gus a bheil co-ionannachd ann le seanailean mion-chananach eile.

**6. Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingean eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal. The earlier consultation questions have been fairly specific. If there are any other points you would like to make and feel you have not had the opportunity to do so, please write them below.**

Bhiodh e feumail, mar thaic dhan Phlana, aithne a dhèanamh air:

- (1) Na h-adhartasan a chaidh a choileanadh tro phlanaichean thuige seo;
- (2) Na prìomhachasan as èiginniche a tha feumach air fuasglaidhean ma tha ginealach ùr de luchd-cleachdaidh gu bhith air an cruthachadh agus air am brosnachadh gus àite na seann Ghàidheil a ghabhail aig a' cheann thall;
- (3) Na fuasglaidhean agus na gnìomhan as cudromaiche a tha ri choileanadh, na slatan-tomhais a dh'innseas gu bheileas a' dèanamh adhartas agus na clachan-mìle as cudromaiche eadar seo ach ceann a' phlana ann an 2022; agus
- (4) Na coimhearsnachdan, buidhnean agus lionraidhean a chuireas am Plana an-gnìomh gu h-ionadail agus gu nàiseanta.

Bu mhat le MG ALBA ar taic làidir agus leantainneach a nochdadh agus tha sinn a' guidhe gach soirbheas do gach neach is buidheann a tha a' cur taic ris a' Phlana agus a bhios ga libhrigeadh.